



Comhairle Inbhir Chluaidh

PLANA GÀIDHLIG

2023-2028

Chaidh am plana seo ullachadh fo earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aontachadh le Ministearan na h-Alba air 3 Iuchar 2023.



Ro-ràdh

Tha Comhairle Inbhir Chluaidh ag aithneachadh cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig dhan chultar is dualchas nàiseanta againn agus mar sin, tha e na thoileachas mòr dhuinn an dàrna Plana Gàidhlig againn airson 2023/28 fhoillseachadh. Mar Chomhairle, tha dealas againn taic a chumail ris a' Ghàidhlig agus feuchaidh sinn ri a leasachadh agus a thoirt air adhart barrachd ann an Inbhir Chluaidh thar beatha a' phlana seo.

Tha am Plana seo a' togail air a' chiad Phlana Gàidhlig againn airson 2017-22, a' mìneachadh nan gnìomhan a bharrachd a nì a' Chomhairle gus togail agus cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh, a bharrachd air a bhith a' cur ri inbhe a' chànan, ga aithneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba, leis an aon spèis ris a' Bheurla.

Tro bhith a' cur a' Phlana seo an gnìomh, tha sinn ag amas air taic a thoirt do lìbhrigeadh Plana Nàiseanta Gàidhlig 2018/23 agus ar dleastanasan fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a choileanadh.

Rè beatha a' Phlana seo, cumaidh sinn oirnn a' togail ar 'tairgse ghnìomhach' ann an dòigh cho-rèireach tro sholarachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, a' comharrachadh raon de chothroman do ar coimhearsnachdan agus do ar luchd-obrach, ag obair le buidhnean coimhearsnachd Gàidhlig gu h-ionadail agus ag ionnsachadh bho dheagh chleachdadh ann an àiteachan eile.

'S e ar lèirsinn fhad-ùine a bhith ag àrach na Gàidhlig taobh a-staigh Inbhir Chluaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil àrainneachd thaiceil ann, ag aithneachadh cho cudromach is luachmhor 's tha an cànan. Mar sin thèid riaghladh a' Phlana a thoirt seachad leis a' Bhuidhinn Co-ionannachd Chorporra a chuidicheas le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an obair seo air a prìomh-shruthadh anns a h-uile seirbheis agus a' brosnachadh sealbh air feadh na Comhairle air lìbhrigeadh a' phlana.

Louise Long
Àrd-oifigear
Inbhir Chluaidh

Clàr-innse

1. RO-RÀDH	3
Tuirisgeul air Comhairle Inbhir Chluaidh.....	3
A’ Ghàidhlig taobh a-staigh Inbhir Chluaidh	4
Gàidhlig ann an Alba	6
Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.....	8
Plana Nàiseanta na Gàidhlig	8
In-sgrùdadh air comas cànan	8
Co-chomhairleachadh air an Dreachd Plana Gàidhlig.....	9
2. PRÌOMH PHRIONNSAPALAN	10
Spèis cho-ionann	10
Tairgse Ghnìomhach	10
Treas Pàrtaidhean	10
Àbhaisteachadh	11
Pàrantan Corporra	11
3. GEALLTANASAN A’ PHLANA	11
Amasan Àrd-ìre	11
Amasan airson Seirbheisean Corporra.....	16
4. CEANGLAICHEAN RIS AN FHRÈAM-OBRACH COILEANAIDH NÀISEANTA	28
5. CEANGLAICHEAN RI FRÈAMAICHEAN-OBRACH IONADAIL AGUS ROINNEIL	28
6. FOILLSEACHADH	29
Foillseachadh agus Sanasachd a’ Phlana	29
7. A’ GOIREASACHADH A’ PHLANA	30
8. A’ SGRÙDADH A’ PHLANA	30
9. AM PLANA GÀIDHLIG ANN AN COILLTEARACHD NA H-ALBA	31
Uallach airson a’ phlana aig a’ cheann thall.....	31
Uallach làitheil airson a’ phlana	31
Buidheann Buileachaidh is Sgrùdaidh a’ Phlana Ghàidhlig.....	32
Buidhnean Leth-eisimeileach agus Treas Pàrtaidhean	32
EÀRR-RÀDH 1 – IN-SGRÙDADH AIR COMAS CÀNAIN	33
EÀRR-RÀDH 2 - CO-CHOMHAIRLE PHOBLACH	36

1. RO-RÀDH

Tuairisgeul air Comhairle Inbhir Chluaidh

Tha Inbhir Chluaidh ann an taobh an iar Meadhan na h-Alba le sluagh measta de 76,700 daoine, mu 61 mìle ceàrnagach de mhead, air bruach a deas Abhainn Chluaidh. Tha na prìomh bhailtean - Grianraig, Port Ghlaschu agus Gurraig - nan suidhe air Linne Chluaidh ri taobh bailtean cladaich Inbhir Chip agus Bàgh Wemyss a tha ann an iar-dheas na sgìre agus bailtean Cill MoCholuim agus Baile Quarriers a tha nas fhaide a-steach dhan dùthaich, agus nam pàirt de dh'iomadachd na sgìre, gu sònraichte a thaobh cùisean sòisealta, eaconamach agus fiosaigeach.

Is e Comhairle Inbhir Chluaidh an t-ùghdarras ionadail le uallach airson raon de dhleasan, a' gabhail a-steach foghlam, seirbheisean cultarail, ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd, ath-nuadhachadh, slàinte àrainneachdail, raon de sheirbheisean obair shòisealta, taigheadas ro-innleachdail, planadh is smachd togail, riaghladh sgudail, cumail suas rathaidean poblach (ach a-mhàin prìomh rathaidean), leasachadh eaconamach agus raon de sheirbheisean taic corporra.

Tha [Plana Comhairle Inbhir Chluaidh 2023/28](#) a' mìneachadh prìomhachasan na Comhairle mar bhuidhinn a tha a rèir nam prìomh chùisean a bhios a' tighinn am bàrr mar thoradh air pròifil sòisio-eaconamach na sgìre agus na cùisean a tha air an comharrachadh le ar coimhearsnachdan mar phrìomhachas. Tha prìomhachasan na buidhne cuideachd a' cumail taic ri libhrigeadh prìomhachasan ro-innleachdail a' Chom-pàirteachais Planaidh Coimhearsnachd: Caidreachas Inbhir Chluaidh airson na sgìre.

Ann an 2021/22 bha buidseat iomlan de £203m aig a' Chomhairle, tha seo a' gabhail a-steach maoin ath-bheothachaidh Covid-19 ùr luach £4m gus taic a thoirt dhan choimhearsnachd agus seirbheisean gus ath-shlànachadh bho bhuidhean a' ghalair lèir-sgaoilte.

Aig deireadh an Iuchair 2021, bha mu 4,380 neach-obrach aig a' Chomhairle, le libhrigeadh nan seirbheisean' tighinn fo thrì buidhnean-stiùiridh: Foghlam, Coimhearsnachdan agus Leasachadh Buidhne; Àrainneachd, Ath-nuadhachadh agus Goireasan agus an Com-pàirteachas Slàinte is Cùram Sòisealta. Rinneadh ath-structaradh air Buidheann-stiùiridh na h-Àrainneachd, Ath-nuadhachaidh agus Goireasan sa Ghiblean 2021 gus dèanamh cinnteach, mar a ghluais galar lèir-sgaoilte Covid-19 a dh'ionnsaigh na h-ìre ath-bheothachaidh, gun robh a' Chomhairle ag amas air a goireasan a chleachdadh anns an dòigh as èifeachdaiche gus taic a chumail ri ath-bheothachadh buidhne, àrainneachdail agus eaconamach.

Tha a' Chomhairle air am portfolio thogalaichean aca a lùghdachadh bho chionn beagan bhliadhnaichean ach tha còrr is 100 togalach obrachaidh aice fhathast air feadh an ùghdarras, a' gabhail a-steach oifisean, leabharlannan, tallachan is ionadan coimhearsnachd agus Institiùd cliùiteach Watt. Tha prìomh oifis Comhairle Inbhir Chluaidh suidhichte ann an Togalaichean a' Bhaile, Grianraig.

Tha 7 uàrdan ioma-bhall ann an Inbhir Chluaidh le 22 comhairlichean. Às dèidh taghaidhean riaghaltas ionadail sa Chèitean 2022, tha ballrachd na comhairle mar a leanas: Pàrtaidh Làbarach na h-Alba (9), Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba (8), Neo-eisimeilich (3) agus Pàrtaidh Tòraidheach na h-Alba (2).

A' Ghàidhlig taobh a-staigh Inbhir Chluaidh

Is e Cunntas-sluaigh 2011 an tobar dàta as coileanta a th' againn air na h-àireamhan de dhaoine ann an Inbhir Chluaidh as urrainn Gàidhlig a thuigsinn, a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh. Aig àm Cunntas 2011, chaidh a chomharrachadh gun robh 667 daoine ann an Inbhir Chluaidh le eòlas air a' Ghàidhlig. Tha seo air a bhriseadh sìos airson an t-sluaigh aois trì agus nas sine, mar a leanas:

- Tha comas Gàidhlig a thuigsinn ach gun chomas Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh aig 174 (0.2% den t-sluagh).
- Tha comas Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh is a sgrìobhadh aig 212 daoine (0.3% den t-sluagh)
- Tha comas Gàidhlig a bhruidhinn ach gun chomas Gàidhlig a leughadh no a sgrìobhadh aig 176 daoine (0.2% den t-sluagh)
- Tha comas Gàidhlig a bhruidhinn is a leughadh ach gun chomas Gàidhlig a sgrìobhadh aig 36 daoine (0.04% den t-sluagh)
- Tha comas Gàidhlig a leughadh ach gun chomas Gàidhlig a bhruidhinn no a sgrìobhadh aig 49 daoine (0.06% den t-sluagh)
- Tha measgachadh eile de sgilean Gàidhlig aig 20 neach (0.02% den t-sluagh)

Bidh dàta ùr ri fhaighinn às dèidh an ath Chunntas-sluaigh, a bhios a' tachairt air 20 Màrt 2022.




Mar phàirt riatanach de dhualchas, dearbh-aithne nàiseanta agus beatha chultarail na h-Alba, tha Comhairle Inbhir Chluaidh a' feuchainn ri mothachadh agus inbhe na Gàidhlig agus a cultar àrach, adhartachadh agus àrdachadh air feadh Inbhir Chluaidh. Tha beagan eisimpleirean de seo a' gabhail a-steach:


- Mar phàirt de bhuidseat com-pàirteachail na Comhairle, chaidh £25,000 a thoirt do Bhuidheann Luchd-ionnsachaidh Inbhir Chluaidh gus cothrom a thoirt dhan bhuidhinn rannsachadh a dhèanamh air eachdraidh nan Gàidheal a thàinig a Ghrianaig no a bha air eilthireachd, le ùidh anns a' bhuidheann a thug seo air an sgìre agus mar a bha a' choimhearsnachd Ghàidhlig air mairsinn agus air aonachadh leis a' choimhearsnachd san fharsaingeachd.
- Chaidh Buidheann Gàidhlig Inbhir Chluaidh a stèidheachadh a tha ag amas air piseach a thoirt air conaltradh agus co-roinn fiosrachaidh eadar gach buidheann a tha an sàs sa Ghàidhlig. Tha a' bhuidheann a' faighinn taic bhon t-seirbheis Ionnsachaidh is Leasachaidh Coimhearsnachd agus tha ballrachd ann bho CLD, Bun-sgoil Chnoc a' Chonaisg, Seirbheisean Foghlaim, Buidheann Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig Inbhir Chluaidh agus mòran eile.
- Tha Seirbheis Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd (CLD) na Comhairle a' brosnachadh chlasaichean air Gàidhlig agus Eachdraidh na h-Alba gu farsaing agus a' sgaoileadh deagh sgeulachdan bhon choimhearsnachd Ghàidhlig ionadail.

- Chaidh seiseanan blasad Gàidhlig a dhèanamh aig seiseanan Bookbug cunbhalach agus tha tidsearan aig Bun-sgoil Chnoc a' Chonaisg air an trèanadh gus Bookbug Gàidhlig a chleachdadh, a bhios iad a' cleachdadh gus eadar-ghluasadan sgoil-àraich a chur an comas.
- Ann an 2019-20, chùm Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd trì tachartasan poblach ann an Ionad Ealain ionadail le luchd-labhairt air raon de chuspairean bho 'Fhuadaichean na Gàidhealtachd' gu 'Ainmean-àite Gàidhlig'. Bha 54 daoine an làthair aig na tachartasan sin.

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Inbhir Chluaidh

Thòisich foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Inbhir Chluaidh ann an 1999. Ged nach bi a' Chomhairle a' toirt seachad foghlam àrd-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig, tha i a' toirt còmh-dhail do na sgoilearan gus siubhal bho sgìre Inbhir Chluaidh gu Àrd-sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. Tha na grafaichean gu h-ìosal a' sealltainn àireamh na cloinne a bha ann am Foghlam tron Ghàidhlig sna bliadhnaichean mu dheireadh.





Gàidhlig ann an Alba

Thathar den bheachd gur i a' Ghàidhlig cànan stèidheachaidh na h-Alba agus thathar a' smaoinichadh gun tàinig i à Èirinn bho thùs. Aig deireadh an 18^{mh} linn, chaidh an cànan a mhùchadh gu mòr aig àm nam Fuadaichean agus ged a chaidh geur-leanmhainn a dhèanamh air luchd-labhairt a' chànain thar linntean, tha a' Ghàidhlig fhathast ga bruidhinn le mu 60,000 Albannach, ach tha draghan ann mu chugallachd a' chànain.

Aig ìre nàiseanta, sheall Cunntas 2011 gun robh an crìonadh ann an àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig bho 2001 air lùghdachadh. B' e an àireamh iomlan de dhaoine a chaidh a chlàradh le comas Gàidhlig a bhruidhinn, agus/no a sgrìobhadh, agus/no a leughadh agus/no a thuigsinn 87,056.

- Às na daoine sin bha 58,000 daoine (1.1% den t-sluagh) aois trì agus nas sine ann an Alba comasach air Gàidhlig a bhruidhinn.
- Ann an 2011, b' e a' chuibhreann den t-sluagh aois trì agus nas sine ann an Alba a b' urrainn Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh, a sgrìobhadh no a thuigsinn 1.7% (87,056), an coimeas ri 1.9% (92,000) ann an 2001.
- Taobh a-staigh na buidhne seo, b' e an àireamh de dhaoine a b' urrainn Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh, a thuigsinn agus a sgrìobhadh ann an 2011 32,000, 0.6% den t-sluagh aois trì agus nas sine; bha seo aig an aon ìre ri 2001.

Tha luchd na Gàidhlig sgapte air feadh na h-Alba. Às na daoine a chomharraich gun robh Gàidhlig aca ann an cunntas-sluaigh 2011, b' iad na sgìrean comhairle leis an àireamh sa cheud as motha le Gàidhlig na h-Eileanan Siar (52%), Comhairle na Gàidhealtachd (5%) agus Earra-Ghàidheil is Bòd (4%). Tha coimhearsnachd na Ghàidhlig gu math bailteil cuideachd le àireamhan mòra de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach ann an Obar Dheathain, Dùn Èideann, Mòr-sgìre Ghlaschu agus Inbhir Nis.

Tha am mapa air an ath dhuilleig a' sealltainn na buaidh a thug a' Ghàidhlig air ainmean-àite ann an Alba.

Alba

Taghadh de dh'ainmean-àite bhon Ghàidhlig

Airson tuilleadh air na h-ainmean seo, feuch an stòr-dàta air www.ainmean-aite.scot.

Scotland

A selection of Gaelic-derived place-names

For more on these names, consult the database on www.ainmean-aite.scot.



Le dàta bho NRS © Còir copaidh is stòr-dàta a' Chrùin 2020.
Le dàta bhon t-Suirbhidh Òrdnais © Còir copaidh is stòr-dàta a' Chrùin 2020.
Contains NRS data © Crown copyright and database right 2020.
Contains Ordnance Survey data © Crown copyright and database right 2020.

Rannsachadh le Ainmean-Àite na h-Alba & Bòrd na Gàidhlig.
Mapa le Bòrd na Gàidhlig 2020 a' cleachdadh QGIS 3.
Research by Ainmean-Àite na h-Alba & Bòrd na Gàidhlig.
Map by Bòrd na Gàidhlig 2020 using QGIS 3.

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla.

'S e fear de na prìomh fheartan ann an Achd 2005 gu bheil ullachadh ann a tha a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig toirt air ùghdarrasan poblach planaichean Gàidhlig a dheasachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail inbhe is ìomhaigh na Gàidhlig agus le bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh.

Is e an sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig Comhairle Inbhir Chluaidh a chaidh ullachadh taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig san obair againn agus mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach nuair a bhios sinn a' conaltradh ris a' phoball is ris na prìomh chom-pàirtichean againn, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

Thathar air Plana Gàidhlig Inbhir Chluaidh a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le mothachadh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig is air an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha taic Comhairle Inbhir Chluaidh ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig, 2018-23 "gun tèid a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine ann am barrachd shuidheachaidhean".

Tha sinn airson an t-amas seo a choileanadh tro bhith a' cur fòcas air obair anns na trì cinn seo:-

- A' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne againn agus a' brosnachadh barrachd dhaoine gus a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice nuair a bhios iad a' conaltradh leinn
- A' cur ris na cothroman aig daoine a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig mar phàirt den obair làitheil againn
- A' brosnachadh ìomhaigh fhàbharach dhan Ghàidhlig far an gabh seo dèanamh mar phàirt den obair làitheil againn mar bhuidheann

In-sgrùdadh air comas cànan

Gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air na sgilean Gàidhlig taobh a-staigh na Comhairle, rinn Comhairle Inbhir Chluaidh sgrùdadh air comas Gàidhlig an luchd-obrach aice.

Chaidh an sgrùdadh a dhèanamh tro shuirbhidh air-loidhne le lethbhreac cruaidh den t-suirbhidh cuideachd ri fhaotainn do luchd-obrach aig nach eil cothrom air PC.

Uile gu lèir, fhuaras 120 freagairt agus tha geàrr-chunntas de na toraidhean ri fhaicinn shìos.

- Tha comas air choreigin no beagan comais sa Ghàidhlig aig cha mhòr 17% (20) den luchd-fhreagairt
- Thuirtean còrr is trì chairteal (93) den luchd-fhreagairt nach eil comas sam bith aca a thaobh na Gàidhlig
- Tha beagan a bharrachd air 3% (4) den luchd-fhreagairt a' dèanamh trèanadh Gàidhlig. Chuir an luchd-fhreagairt uile an trèanadh seo air dòigh dhaibh fhèin.
- Den luchd-fhreagairt nach eil a' dèanamh trèanadh Gàidhlig an-dràsta, tha ùidh aig 37% (43) ann a bhith a' dèanamh sin.
- Aig an àm seo, tha 4 dreuchdan aig Comhairle Inbhir Chluaidh taobh a-staigh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus 2 dhreuchd tràth-bhliadhnaichean far a bheil Gàidhlig air a comharrachadh mar sgiol obrach riatanach / ion-mhiannaichte.
- 'S e Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig an aon seirbheis a tha a' Chomhairle a' toirt seachad gu tur tro mheadhan na Gàidhlig.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mun sgrùdadh ann am Pàipear-taice 1. Gus dèanamh cinnteach gun cùm a' Chomhairle dàta feumail mun Ghàidhlig san luchd-obrach, thèid an sgrùdadh a dhèanamh a h-uile trì bliadhna.

Co-chomhairleachadh air an Dreachd Plana Gàidhlig

A rèir Achd 2005, feumaidh ùghdarrasan poblach co-chomhairle a chumail air an dreachd plana Gàidhlig mus tèid a chur gu Bòrd na Gàidhlig.

Rinn Comhairle Inbhir Chluaidh co-chomhairleachadh air an dreachd Phlana airson 6 seachdainean bho 29^{mh} Dàmhair 2021 gu 10^{mh} Dùbhlachd 2021 a' cleachdadh Smart Survey. Chaidh a bhrosnachadh tro na meadhanan sòisealta a' gabhail a-steach duilleagan Facebook agus Twitter Comhairle Inbhir Chluaidh agus cuideachd tro dhuilleag-lìn co-chomhairleachaidh na comhairle. Gheibhear làn fhiosrachadh mun cho-chomhairle agus mu na toraidhean ann an Eàrr-ràdh 2.

Na prìomh fhreagairtean:

- Fhreagair 33 duine an suirbhidh
- Bha 58% ag aontachadh gu làidir no ag aontachadh gun cuidicheadh dreachd Plana Gàidhlig Inbhir Chluaidh le bhith a' toirt taic do agus a' toirt piseach air solar na Gàidhlig gu h-ionadail.
- Bha 68% den bheachd gun robh am plana a' mìneachadh a ghnìomhan gu soilleir.

- Dh'aontaich 58% gun robh na gnìomhan agus na raointean-ama a chaidh a mholadh gus na h-Amasan Àrd-ìre a libhrigeadh buntainneach agus iomchaidh
- Bha 56% ag aontachadh gun robh na gnìomhan agus na clàran-ama a chaidh a mholadh gus Amasan Seirbheisean Corporra a libhrigeadh buntainneach agus iomchaidh.
- Thuirt cha mhòr an treas cuid den luchd-fhreagairt gu bheil beagan fhaclan Gàidhlig aca
- Thuirt 25% den luchd-fhreagairt nach eil comas sam bith aca sa Ghàidhlig
- Thuirt naoinear luchd-freagairt gum biodh ùidh aca barrachd fhaighinn a-mach mun Ghàidhlig

2. PRÌOMH PHRIONNSAPALAN

Spèis cho-ionann

Fo Achd na Gàidhlig 2005, tha Bòrd na Gàidhlig ag amas air inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla agus a' leantainn air seo, tha am Bòrd an dùil gun seall ùghdarrasan poblach anns na planaichean aca, mar a thèid am prionnsabal a choileanadh agus a chumail suas san obair acasan.

Nì Comhairle Inbhir Chluaidh cinnteach, far a bheil Gàidhlig mar phàirt den obair is de na seirbheisean againn, gu bheil iad aig an aon ìre agus càileachd ris an fheadhainn a bheir sinn seachad sa Bheurla.

Tairgse Ghnìomhach

Bidh Comhairle Inbhir Chluaidh a' tairgsinn nan seirbheisean Gàidhlig againn gu gnìomhach dhan luchd-obrach againn agus dhan phoball. Nì seo cinnteach, nuair a bhios seirbheisean Gàidhlig rim faighinn, gum bi luchd-cleachdaidh Gàidhlig mothachail gu bheil iad ann, agus gu bheil iad air am brosnachadh gus an cleachdadh.

Bheir seo an t-uallach air falbh bhon neach fa leth a bhith ag iarraidh na seirbheis agus bheir e misneachd do luchd na Gàidhlig gun tèid na feumalachdan a choileanadh mas e sin a thaghas iad.

Nì sinn cinnteach gu bheil na seirbheisean Gàidhlig againn a cheart cho ruigsinneach ris na seirbheisean Beurla againn.

Treas Pàrtaidhean

Far a bheil e iomchaidh, bidh Comhairle Inbhir Chluaidh a' dèanamh cinnteach gun cuidich Buidhnean Leth-eisimeileach agus cunnraidhean eile le libhrigeadh Plana Gàidhlig an ùghdarras phoblach.

Àbhaisteachadh

Nì Comhairle Inbhir Chluaidh cinnteach gu bheil cothroman aig a' phoball agus aig an luchd-obrach againn gus Gàidhlig a chleachdadh air an àbhaisteachadh, a' cumail taic ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23 gum bi a' Ghàidhlig air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsainge de shuidheachaidhean.

Pàrantan Corporra

Tha Comhairle Inbhir Chluaidh mothachail air na dleastanasan a th' aig Pàrant Corporra agus obraichidh iad còmhla gus dèanamh cinnteach gum faigh clann is daoine òga fo chùram agus daoine a tha a' fàgail cùram le Gàidhlig na h-aon chothroman 's a gheibh an fheadhainn aig a bheil cànanan eile.

3. GEALLTANASAN A' PHLANA

Amasan Àrd-ìre

Gus ùghdarrasan poblach a chuideachadh le ullachadh a' phlana Ghàidhlig aca, tha am Bòrd air obrachadh le Comhairle Inbhir Chluaidh gus seata de dh'Amasan Àrd-ìre a chur ri chèile.

Tha na h-amasan nan roghainn bheag de ghnìomhan aig ìre ro-innleachdail, dlùth-cheangailte ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23. Mar sin, tha iad stèidhichte timcheall air na trì cinn ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig:-

- A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig
- A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

CUIR RI CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

Amas Àrd-ìre	Cuir taic ri buidhnean airson na Gàidhlig is a cultair a tha ann mar-thà agus do bhuidhnean ùra ann an sgìre Inbhir Chluaidh gus cuideachadh le bhith a' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd.
Buil a thathar ag iarraidh	Barrachd eòlais, sgilean agus misneachd a thaobh cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan Inbhir Chluaidh.
Cleachdadh làithreach	Tha an t-Seirbheis Ionnsachadh is Leasachaidh Coimhearsnachd a' toirt taic do bheagan Buidhnean Gàidhlig ann an Inbhir Chluaidh
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none">• Thoir seachad àite, trèanadh agus taic air-loidhne an-asgaidh do bhuidhnean Gàidhlig ionadail gus àrd-

	<p>ùrlar ionnsachaidh CLD Inbhir Chluaidh (Moodle) a chleachdadh.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Cùm 2 oidhcheannan cultarach gach bliadhna • Cùm 2 choinneamh Ghàidhlig an Inbhir Chluaidh gach bliadhna gus ceanglaichean a dhèanamh thairis air gnìomhan cànan, cultar agus sòisealta na Gàidhlig
Ceann-latha targaid	Gnìomh bhliadhnail leantainneach thar beatha a' phlana.
Uallach	Ceannard Cultair, Choimhearsnachdan agus Goireasan Foghlaim

Amas Àrd-ìre	Stèidhich cothroman ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig do luchd-obrach na Comhairle, a' cleachdadh sgilean agus goireasan a th' aig an luchd-obrach mar-thà, leis an amas cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh air an taobh a-staigh.
Buil a thathar ag iarraidh	Barrachd eòlais, sgilean agus misneachd a thaobh cleachdadh na Gàidhlig air feadh luchd-obrach Comhairle Inbhir Chluaidh.
Cleachdadh làithreach	Thathar a' sanasachadh chùrsaichean trèanaidh Gàidhlig nàiseanta a tha rim faighinn air eadra-lìon na Comhairle
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Brosnaich cothrom air cùrsaichean Gàidhlig nàiseanta dhan luchd-obrach air fad agus broснаich daoine a bhith gan cleachdadh • Cruthaich goireas mothachadh Gàidhlig do luchd-obrach 'loidhne-toisich' • Dèan comas sgrùdaidh air an taobh a-staigh co-dhiù aon turas rè beatha a' phlana gus faighinn a-mach de an ìre de sgilean a tha ann air feadh an ùghdarras • Dèan obair leasachaidh air duilleag eadra-lìon na Comhairle a tha a' brosnachadh na Gàidhlig
Ceann-latha targaid	Leantainneach thar beatha a' Phlana
Uallach	Ceannard Leasachadh Buidhne is HR, Poileasaidh is Conaltraidh

A' TOIRT FÀS AIR IONNSACHADH NA GÀIDHLIG

Amas Àrd-ìre	Cuir ris an àireamh chloinne a tha a' dol tro Foghlam Tràth-bhliadhnaichean tro Mheadhan na Gàidhlig gach bliadhna.
Buil a tha air a mholadh	Àrdachadh anns an àireamh chloinne glè òg a tha a' togail sgilean Gàidhlig
Cleachdadh làithreach	Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig sna Tràth-bhliadhnaichean 17/18 - 14 18/19 - 11 19/20 - 6 20/21 - 10 21/22 - 12 22/23 - 9
Gnìomhan a dhìth	Ùraich fiosrachadh air làrach-lìn na Comhairle Brosnaich Foghlam tron Ghàidhlig aig àm clàraidh - dèan lèirmheas air ro-innleachd conaltraidh mu inntigidhean a thaobh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.
Ceann-latha targaid	Am Faoilleach 2024 agus an uair sin gach bliadhna
Uallach	Ceannard nan Seirbheisean Foghlaim

Amas Àrd-ìre	Meudaich àireamh na cloinne a tha a' dol gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig sa bhun-sgoil co-dhiù 15% gach bliadhna .
Buil a tha air a mholadh	Àireamhan nas motha de chloinn a' dol gu Foghlam Tràth-bhliadhnaichean tro Mheadhan na Gàidhlig agus Foghlam BS1
Cleachdadh làithreach	21/22- 12 dhuine-chloinne ann am Foghlam Tràth-bhliadhnaichean 21/22- 6 duine-chloinne ann am BS1
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Stèidhich sgìre-sgoile airson solar FtG • Dèan lèirmheas air agus ùraich fiosrachadh air làrach-lìn na Comhairle. • Brosnaich Foghlam tron Ghàidhlig aig àm clàraidh - dèan lèirmheas air ro-innleachd conaltraidh timcheall air inntigidhean a thaobh FtG
Ceann-latha targaid	An t-Ògmhios 2024 agus an uair sin gach bliadhna
Uallach	Ceannard nan Seirbheisean Foghlaim

Amas Àrd-ìre	Rannsaich cothroman, ann an com-pàirteachas le Bòrd na Gàidhlig agus le ùghdarrasan eile, taobh a-staigh a' chiad 18 mìosan den phlana, agus dèan molaidhean iomchaidh airson leasachadh air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig ìre àrd-sgoile taobh a-staigh sgìre Comhairle Inbhir Chluaidh.
Buil a tha air a mholadh	Ullachadh iomchaidh an sàs airson sgoilearan àrd-sgoile
Cleachdadh làithreach	Cuiridh sgoilearan iarrtas àite-sgoile a-steach airson a dhol gu Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. Chan eil solar ann an Inbhir Chluaidh an-dràsta airson FtG aig ìre na h-Àrd-sgoile.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Dèan Co-chomhairle le pàrantan • Còmhraidhean le Foghlam Alba agus leis a' Bhòrd • Còmhraidhean le ùghdarrasan faisg air làimh • Gnìomhan aontaichte air an cur an gnìomh
Ceann-latha targaid	An t-Ògmhios 2024
Uallach	Ceannard an Fhoghlaim

Amas Àrd-ìre	Meudaich solar Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) aig ìre na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile.
Buil a tha air a mholadh	Àireamhan chloinne nas motha aig ìre bun-sgoile agus àrd-sgoile
Cleachdadh làithreach	FLI ann am BS4-BS7 ann am Bun-sgoil Chnoc a' Chonaisg mar phàirt de L1+2 (2). Trèanadh GLPS ga thabhann air feadh an ùghdarrais gach bliadhna.
Gnìomhan a dhìth	Lìbhrigidh a' Chomhairle Gàidhlig mar L2 no L3 ann an co-dhiù 40% de na sgoiltean aice ro 2028.
Ceann-latha targaid	An t-Ògmhios 2028
Uallach	Ceannard an Fhoghlaim

Amas Àrd-ìre	Cuir ris an àireimh de dh'ìnbheach a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an Inbhir Chluaidh
Buil a tha air a mholadh	A' cleachdadh frèam-obrach ùr SpeakGaelic, libhrigidh sinn solar ionnsachaidh A1 agus A2 do 30 neach-ionnsachaidh uile gu lèir gach bliadhna, a bhios air a roinn thairis air an dà chùrsa.
Cleachdadh làithreach	Lìbhrigeadh solar Gàidhlig do luchd-tòiseachaidh agus Solarachadh Eadar-mheadhanach – bha seirbheis cuibhrichte ann ri linn cuingealachaidhean Covid-19, le clasaichean ag obair air-loidhne a thug buaidh air làthaireachd luchd-ionnsachaidh làithreach.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Thoir trèanadh do luchd-obrach ann am frèam-obrach SpeakGaelic • Libhrig 1 x cùrsa A1 SpeakGaelic gach bliadhna • Libhrig 1 x cùrsa A2 SpeakGaelic gach bliadhna • Cùm sùil air agus dèan measadh air solar • Cuir taic ri adhartas gu ìre B1 airson luchd-ionnsachaidh a tha a' coileanadh ìre A2
Ceann-latha targaid	Gnìomhachd bhliadhnail leantainneach thar beatha a' phlana.
Uallach	Ceannard Cultair, Choimhearsnachdan agus Goireasan Foghlaim

A' CUR DEAGH ÌOMHAIGH AIR ADHART AIRSON NA GÀIDHLIG

Amas Àrd-ìre	Stèidhich agus cùm suas buidheann buileachaidh airson a' phlana Ghàidhlig le àrd-riochdachadh bho gach roinn sa chomhairle.
Buil a tha air a mholadh	Bidh a' Ghàidhlig air a fighe a-steach do dh'obair chorporra na comhairle
Cleachdadh làithreach	Tha tar-shealladh air a' Phlana Ghàidhlig air a thoirt seachad leis a' Bhuidhinn Co-ionannachd Chorporra aig a bheil Stiùiriche Chorporra sa chathair.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Bidh am Plana Gàidhlig mar chuspair seasmhach air clàr-gnothaich gach coinneimh den Bhuidhinn Co-ionannachd Chorporra. • Às dèidh dhan phlana aonta fhaighinn, stèidhich fo-bhuidheann a' Phlana Ghàidhlig gus sùil a chumail air leasachadh a' phlana agus gus am bi sgrùdadh iomchaidh ann.
Ceann-latha targaid	Leantainneach thar beatha a' phlana
Uallach	Stiùiriche Chorporra airson Foghlam, Coimhearsnachdan agus Leasachadh Buidhne

Amasan airson Seirbheisean Chorporra

A bharrachd air na h-Amasan Àrd-ìre, tha Bòrd na Gàidhlig air seata de dh'Amasan Seirbheis Chorporra bun-tomhasaichte ullachadh. Tha na h-Amasan Seirbheis Chorporra stèidhichte air na tha Bòrd na Gàidhlig air fiosrachadh air planaichean Gàidhlig aontaichte gu ruige seo, leis an amas prìomh sheirbheisean Gàidhlig a dhèanamh cunbhalach thar ùine air feadh na roinne poblach. Bithear a' sùileachadh gun toir gach ùghdarras poblach aghaidh air na h-Amasan Seirbheis Chorporra sin uile sa phlana aca, a' toirt cunntas air cleachdadh làithreach, gnìomhan a dh'fheumar gus an t-amas a choileanadh, clàran-ama agus dè an sgioba air am bi uallach airson na gnìomhan a thoirt air adhart.

INBHE

Buil a thathar ag iarraidh	Suaicheantas agus brand Amas an suaicheantas corporra a thoirt seachad an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla aig a' chiad chothrom agus mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith
Cleachdadh làithreach	Chan eil suaicheantas Comhairle Inbhir Chluaidh air fhoillseachadh sa Ghàidhlig aig an àm seo
Gnìomhan a dhìth	Dealbhaich suaicheantas Comhairle Inbhir Chluaidh ann an Gàidhlig agus cuir seo anns gach sgrìobhainn chorporra, sna sgrìobhainn fhoillsichte agus air làrach-lìn na Comhairle.
Ceann-latha targaid	An t-Ògmhios 2024

Uallach	Ceannard Leasachadh Buidhne, Poileasaidh is Conaltraidh

Buil a thathar ag iarraidh	Soidhnichean Bidh soidhnichean follaiseach a' gabhail a-steach Gàidhlig agus Beurla mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.
Cleachdadh làithreach	Tha na soidhnichean air an t-slighe a-steach do na bailtean as motha ann an Inbhir Chluaidh dà-chànanach, ach chan eil ach glè bheag de shoidhnichean dà-chànanach ann an àiteachan eile air feadh Inbhir Chluaidh.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Cruthaich poileasaidh gus soidhnichean follaiseach a dhèanamh dà-chànanach air stèidh ath-nuadhachaidh • Dèan sgrùdadh air soidhnichean làithreach • Thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air soidhnichean rathaid ùra/làithreach sam bith agus thèid beachdachadh air soidhnichean dà-chànanach a chur ann • Thèid beachdachadh air soidhnichean corporra iomchaidh eile a dhèanamh dà-chànanach nuair a bhios ùrachadh a dhìth • Bidh soidhnichean ann an Gàidhlig aig Ionad Chuirtean-mara ùr Inbhir Chluaidh
Ceann-latha targaid	Poileasaidh ri chruthachadh ro dheireadh bliadhna 2
Uallach	Ceannard nan Rathaidean Ceannard Seirbheisean Seilbh

CONALTRADH LEIS A' PHOBALL

Buil a thathar ag iarraidh	Brosnachadh Teachdaireachd gu bheil fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig bhon phoball daonnan.
Cleachdadh làithreach	Chan eil dòigh-obrach chunbhalach sam bith an sàs airson brosnachadh na Gàidhlig air feadh na comhairle. Tha feum air barrachd obair leasachaidh gus dèanamh cinnteach gum bi dòigh-obrach chorpóra, cho-òrdanaichte ann a thaobh adhartachadh na Gàidhlig.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Teacs iomchaidh gu bhith air a chur ri litreachas brosnachaidh/fiosrachaidh agus bileagan na Comhairle. • Leasaich duilleagan-lìn na Comhairle a thaobh na Gàidhlig gus innse gu bheil fàilte air conaltradh bhon phoball sa Ghàidhlig. • Meudaich an ìre fiosrachaidh do luchd-obrach co-cheangailte ri Gàidhlig air eadra-lìon na Comhairle.
Ceann-latha targaid	Am Màrt 2024
Uallach	Ceannard Leasachadh Buidhne, Poileasaidh is Conaltraidh

Buil a thathar ag iarraidh	Conaltradh sgrìobhte Fàilte ga chur air conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) daonnan agus bidh freagairt ann sa Ghàidhlig, a rèir clàr-ama conaltraidh àbhaisteach na buidhne.
Cleachdadh làithreach	Bidh a' Chomhairle a' feuchainn ri gach iarrtas airson freagairt ann an cànan eile seach Beurla a choileanadh, ach chan eil poileasaidh foirmeil ann a thaobh a bhith a' foillseachadh stuthan clò-bhuailte sa Ghàidhlig.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Gheibh a' chomhairle cothrom air seirbheis eadar-theangachaidh Gàidhlig agus comharraichidh iad sgrìobhainnean iomchaidh a bu chòir a bhith air an dèanamh sa Ghàidhlig. • Brosnaich cleachdadh ainm-sgrìobhte puist-d dà-chànanach dhan luchd-obrach air fad.
Ceann-latha targaid	An t-Ògmhios 2024
Uallach	Ceannard Leasachadh Buidhne, Poileasaidh is Conaltraidh

Buil a thathar ag iarraidh	Fàilteachas is fòn Far am bi e comasach do luchd-obrach le Gàidhlig an t-seirbheis seo a thoirt seachad, thèid taic a chumail riutha gus seo a dhèanamh agus thèid an t-seirbheis a bhrosnachadh dhan phoball.
Cleachdadh làithreach	Chan eil solar Gàidhlig ann an-dràsta aig prìomh ionad-fàilte Inbhir Chluaidh no taobh a-staigh an Ionad Seirbheis Luchd-cleachdaidh Chan eil poileasaidh aig a' Chomhairle air cleachdadh na Gàidhlig anns na prìomh ionadan-fàilte aig an àm seo.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Dèan lèirmheas air Seirbheisean Eadar-theangachaidh na Comhairle • Dèan lèirmheas air Seirbheisean Eadar-mhìneachaidh na Comhairle • Cruthaich goireas mothachadh Gàidhlig do luchd-obrach 'loidhne-toisich' • Bidh e comasach do chustamairean aig a bheil Gàidhlig eadar-theangachadh Gàidhlig iarraidh.
Ceann-latha targaid	An t-Ògmhios 2024
Uallach	Ceannard Leasachadh Buidhne, Poileasaidh is Conaltraidh

Buil a thathar ag iarraidh	Coinneamhan poblach Tha cothroman gus coinneamhan poblach a chumail gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig gan sireadh agus gam brosnachadh gu cunbhalach.
Cleachdadh làithreach	Leis nach eil iarrtas air a bhith ann airson na seirbheis seo gu ruige seo, cha deach coinneamhan poblach sam bith a chumail sa Ghàidhlig no a chumail san dà chànan.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Nuair a thèid iarraidh, agus far a bheil e iomchaidh, nì a' Chomhairle cinnteach gu bheil a h-uile coinneamh poblach air a thabhann ann an raon de chànanan, le rabhadh trì seachdainean a dhìth gus eadar-mhìnichear(ean) fhaighinn airson seo. • Thèid coinneamhan air cùisean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a bhrosnachadh gu dà-chànanach • Thèid fios mu thachartasan Gàidhlig a sgaoileadh do bhuidhnean Gàidhlig sa choimhearsnachd.
Ceann-latha targaid	An Giblean 2024
Uallach	Ceannard Leasachadh Buidhne, Poileasaidh is Conaltraidh; Ceannard Cultair, Choimhearsnachdan agus Goireasan Foghlaim

FIOSRACHADH

Buil a thathar ag iarraidh	Fiosan Naidheachd Bithear a’ cuairteachadh fhiosan naidheachd àrd-inbhe agus a h-uile fios naidheachd co-cheangailte ri Gàidhlig an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.
Cleachdadh làithreach	Tha a’ mhòr-chuid den fhiosrachadh a chaidh fhoillseachadh sa Ghàidhlig co-cheangailte ri foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Chan eil stiùireadh aig a’ Chomhairle an-dràsta a thaobh cleachdadh na Gàidhlig ann am fiosan naidheachd.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Bidh seirbheis Conaltraidh Corporra na Comhairle a’ conaltradh le foillseachaidhean Gàidhlig / BBC Alba gus faighinn a-mach mar a b’ fheàrr leotha fiosan naidheachd fhaighinn • Meudaich co-obrachadh thar seirbheisean na Comhairle gus fiosan naidheachd co-cheangailte ris a’ Ghàidhlig a bhrosnachadh, gus am bi ruigsinneachd nas fharsainghe ann • Far a bheil feum air fios naidheachd airson tachartas Gàidhlig, bidh seo air a thoirt seachad anns an dà chànan, ma bhios seirbheis eadar-theangachaidh ri fhaighinn taobh a-staigh a’ chlàr-ama a tha a dhìth.
Ceann-latha targaid	An Dùbhlachd 2024
Uallach	Ceannard Leasachadh Buidhne, Poileasaidh is Conaltraidh

Buil a thathar ag iarraidh	Meadhanan Sòisealta Stuth Gàidhlig ga sgaoileadh tro na meadhanan sòisealta gu cunbhalach, le stiùir bho ìre cleachdaidh no cleachdadh a dh’fhaodadh a bhith ann.
Cleachdadh làithreach	Tha cleachdadh nam meadhanan sòisealta gus susbaint Ghàidhlig a sgaoileadh gu sònraichte co-cheangailte ri Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus tha e air a sgaoileadh le Bun-sgoil Chnoc a’ Chonaisg. Chan eil stiùireadh aig a’ Chomhairle an-dràsta a thaobh cleachdadh na Gàidhlig anns na meadhanan sòisealta
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Dèan ath-sgrùdadh air cleachdadh cànanan seach Beurla leis a’ Chomhairle sna meadhanan sòisealta • Thèid tachartasan sa Ghàidhlig a cho-roinn air na meadhanan sòisealta san dà chànan, ma bhios

	<p>seirbheis eadar-theangachaidh ri fhaighinn taobh a-staigh a' chlàr-ama a tha a dhìth</p> <ul style="list-style-type: none"> • Meudaich co-obrachadh thar seirbheisean na Comhairle gus susbaint Ghàidhlig a bhrosnachadh tro na meadhanan sòisealta agus cuir a-mach 30 post thar raon de àrd-ùrlaran meadhanan sòisealta gu dà-chànanach gach bliadhna
Ceann-latha targaid	An Dùbhlachd 2024
Uallach	Ceannard Leasachadh Buidhne, Poileasaidh is Conaltraidh

Buil a thathar ag iarraidh	Làrach-lìn Bu chòir susbaint a bhith ri fhaighinn air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, le cuideam air na duilleagan a dh'fhaodadh an àireamh as motha de dhaoine fhaicinn.
Cleachdadh làithreach	<u>Làrach-lìn mu Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig</u> Mìneachadh air FtG agus ceangail ri foirm iartais airson FtG. Tha duilleag-lìn Ghàidhlig shònraichte aig a' Chomhairle le ceanglaichean gu goireasan Gàidhlig eile <u>Plana Gàidhlig Inbhir Chluaidh - Comhairle Inbhir Chluaidh</u>
Gnìomhan a dhìth	Ùraich duilleag-lìn FtG gus dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh mu foghlam Gàidhlig ruigsinneach gu furasta agus gu bheil e daonnan ceart.
Ceann-latha targaid	An t-Ògmhios 2024
Uallach	Ceannard an Fhoghlaim

Buil a thathar ag iarraidh	Làrach-lìn Bu chòir susbaint a bhith ri fhaighinn air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, le cuideam air na duilleagan a dh'fhaodadh an àireamh as motha de dhaoine fhaicinn.
Cleachdadh làithreach	Tha duilleag shònraichte air làrach-lìn na Comhairle airson a' Phlana Ghàidhlig. Tha raon de cheanglaichean-lìn co-cheangailte ri buidhnean Gàidhlig agus barrachd fiosrachaidh mun Ghàidhlig ri fhaighinn air an duilleig-lìn.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Cuir ris an fhiosrachadh air duilleag-lìn Ghàidhlig na Comhairle gus raon nas fharsainghe de

	dh'fhiosrachadh a chur ann, le sùil ri ìomhaigh nas àirde a thoirt dhan Ghàidhlig ann an Inbhir Chluaidh. <ul style="list-style-type: none"> Foillsich fiosrachadh mu cho-chomhairleachadh poblach air prìomh fhoillseachaidhean corporra gu dà-chànanach
Ceann-latha targaid	An t-Ògmhios 2024
Uallach	Ceannard Leasachadh Buidhne, Poileasaidh is Conaltraidh

Buil a thathar ag iarraidh	Foillseachaidhean Corporra Air an dèanamh ann an Gàidhlig is Beurla, le prìomhachas air an fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith air an leughadh leis an àireimh as motha de dhaoine
Cleachdadh làithreach	Tha foillseachaidhean na Comhairle air an dèanamh sa Bheurla agus rim faighinn ann an cànanan eile ma thèid seo iarraidh
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Dèan lèirmheas air Seirbheisean Eadar-theangachaidh na Comhairle Dèan lèirmheas air Seirbheisean Eadar-mhìneachaidh na Comhairle Dèan cinnteach gu bheil gach foillseachadh Corporra a' tabhann seirbheis eadar-theangachaidh dhan phoball, a' gabhail a-steach na Gàidhlig mar roghainn Cruthaich stiùireadh do luchd-obrach a thaobh cothrom air seirbheisean eadar-theangachaidh Thèid fiosrachadh mu Fhoghlam Gàidhlig agus gnìomhan sgoile Gàidhlig a bhrosnachadh gu dà-chànanach
Ceann-latha targaid	An Dùbhlachd 2024
Uallach	Ceannard Leasachadh Buidhne, Poileasaidh is Conaltraidh

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh a' chànan Tha pròiseas an sàs gus dèanamh cinnteach gu bheil càileachd agus ruigsinneachd na Gàidhlig anns an fhiosrachadh chorporra aig ìre àrd.
Cleachdadh làithreach	Tha Comhairle Inbhir Chluaidh a' cleachdadh seirbheis eadar-theangachaidh proifeasanta airson eadar-theangachadh Gàidhlig sam bith aig an àm seo
Gnìomhan a dhìth	Feumaidh ìre àrd de sheirbheisean eadar-theangachaidh a leantainn
Ceann-latha targaid	Thar beatha a' phlana
Uallach	Ceannard Leasachadh Buidhne, Poileasaidh is Conaltraidh

Buil a thathar ag iarraidh	Taisbeanaidhean Bu chòir coimhead air cothroman gus taisbeanaidhean poblach a libhrigeadh gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig gu cunbhalach, le prìomhachas air a thoirt dhan fheadhainn leis a' bhuidhe as motha.
Cleachdadh làithreach	Chan eil leubailean, soidhnichean, pannalan no taisbeanaidhean Gàidhlig ann an Institiùd Watt.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Bidh teacsaichean dà-chànanach air leubailean agus soidhnichean nuair a bhios feadhainn ùra a dhìth • Thathar an dùil teacsa dà-chànanach a chur ri pannalan agus taisbeanaidhean bho 2023 air adhart.
Ceann-latha targaid	An Dùbhlachd 2024
Uallach	Ceannard Cultair, Choimhearsnachdan agus Goireasan Foghlaim

LUCHD-OBACH

Buil a thathar ag iarraidh	In-sgrùdadh Dèan sgrùdadh cunbhalach air sgilean Gàidhlig agus iarrtasan airson trèanadh Gàidhlig tro bheatha gach plana.
Cleachdadh làithreach	Chaidh sgrùdadh comais den luchd-obrach a dhèanamh san Lùnastal 2021. Chuidich seo le bhith stèidheachadh bun-loidhne de na sgilean Gàidhlig air feadh an ùghdarras.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Dèan sgrùdadh air luchd-obrach gus faighinn a-mach cia mheud neach-obrach aig a bheil eòlas agus tuigse air a' Ghàidhlig gach 3 bliadhna. • Dèan lèirmheas air toraidhean agus comharraich raointean leasachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann

Ceann-latha targaid	An ath sgrùdadh gu bhith ann san Lùnastal 2024
Uallach	Ceannard Leasachadh Buidhne, Poileasaidh is Conaltraidh
Buil a thathar ag iarraidh	Inntrigeadh Bidh fios mu phlana Ghàidhlig an ùghdarras mar phàirt den inntrigeadh aig luchd-obrach ùra uile
Cleachdadh làithreach	Chan eil Plana Gàidhlig Inbhir Chluaidh mar phàirt de dh'inntrigeadh luchd-obrach Comhairle Inbhir Chluaidh.
Gnìomhan a dhìth	Dèan am Plana Gàidhlig na phàirt de phròiseas inntrigidh corporra na Comhairle.
Ceann-latha targaid	Am Màrt 2024
Uallach	Ceannard Leasachadh Buidhne, Poileasaidh is Conaltraidh

Buil a thathar ag iarraidh	Trèanadh cànan Trèanadh agus leasachadh sgilean Gàidhlig air a thabhann dhan luchd-obrach, gu sònraichte a thaobh cur an gnìomh plana Gàidhlig an ùghdarras phoblaich.
Cleachdadh làithreach	Tha na cùrsaichean Gàidhlig airson ùghdarrasan ionadail, a tha air an libhrigeadh le Oilthigh Obar Dheathain air am brosnachadh dhan luchd-obrach air fad. Bidh EO a' frithealadh lìonra GLAN agus GLPS. Trèanadh ga thabhann gus taic a thoirt do FtG agus FLI.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Ann an com-pàirteachas, lean air adhart a' tabhann trèanadh do Luchd-obrach Tràth-bhliadhnaichean is Bun-sgoil FtG agus a bhith a' tabhann taic FLI do luchd-obrach uile na Bun-sgoile. • Leudaich tairgse trèanaidh FLI gu cleachdaichean nuadh-chànanan aig ìre na h-Àrd-sgoile. • Brosnaich cothrom air cùrsaichean nàiseanta agus broснаich luchd-obrach gus pàirt a ghabhail annta
Ceann-latha targaid	An t-Ògmhios 2026
Uallach	Ceannard an Fhoghlaim

Buil a thathar ag iarraidh	Trèanadh mothachaidh Trèanadh mothachaidh Gàidhlig, le prìomhachas air stiùirichean, buill bùird, comhairlichean agus luchd-obrach air a bheil dleastanas a bhith a' conaltradh gu dìreach leis a' mhòr-shluagh.
Cleachdadh làithreach	Chan eil cothrom aig Comhairle Inbhir Chluaidh air goireas sònraichte no neach-trèanaidh ionadail a dh'fhaodar a chleachdadh gus trèanadh mothachadh Gàidhlig a thabhann
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Dèan lèirmheas air fios air ais bho luchd-obrach bhon Sgrùdadh Comais air an taobh a-staigh gus gnìomhan iomchaidh sam bith fhiosrachadh. • Dèan sgrùdadh a bheil goireas nàiseanta iomchaidh ri fhaighinn (le ùmhlachd do chosgais) • Faigh a-mach dè an ìre de dh'ùidh a th' ann an trèanadh, agus a bheil cothrom air goireas nàiseanta agus stòras maoinachaidh airson leasachadh Buill Thaghte a thaobh na Gàidhlig. • Cuir ris an fiosrachaidh mun Ghàidhlig air eadra-lìon agus làrach-lìn na Comhairle gus mothachadh mun Ghàidhlig a thogail • Brosnaich tachartasan nàiseanta Gàidhlig am measg an luchd-obrach
Ceann-latha targaid	An t-Iuchar 2024
Uallach	Tar-bhuidhnean stiùiridh

Buil a thathar ag iarraidh	Fastadh Ag aithneachadh agus a' toirt spèis do sgilean Gàidhlig taobh a-staigh a' phròiseas fastaidh tron ùghdarras phoblach air fad.
Cleachdadh làithreach	Gach dreuchd a tha rim faighinn air an sanasachadh tro myjobscotland
Gnìomhan a dhìth	Thèid na dreuchdan uile anns a bheil Gàidhlig na riatanas a shanasachadh an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.
Ceann-latha targaid	2026
Uallach	Ceannard Leasachadh Buidhne, Poileasaidh is Conaltraidh

Buil a thathar ag iarraidh	Fastadh Gàidhlig air ainmeachadh mar sgil riatanach agus/no ion-mhiannaichte ann an tuairisgeulan obrach gus am plana Gàidhlig a libhrigeadh agus a rèir comhairle fastaidh Bòrd na Gàidhlig.
Cleachdadh làithreach	Is e dìreach dreuchdan co-cheangailte gu dìreach ri libhrigeadh seirbheisean Gàidhlig a tha a' toirt iomradh air Gàidhlig mar sgil riatanach no ion-mhiannaichte san tuairisgeul obrach.
Gnìomhan a dhìth	Bidh 3 dreuchdan a bharrachd air an comharrachadh mar obraichean far a bheil Gàidhlig na buannachd san tuairisgeul obrach aca agus thèid co-dhiù aon dreuchd a shònrachadh mar dreuchd far a bheil Gàidhlig riatanach ro dheireadh a' Phlana seo.
Ceann-latha targaid	2028
Uallach	Ceannard Leasachadh Buidhne, Poileasaidh is Conaltraidh

Buil a thathar ag iarraidh	Fastadh Sanasan-obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig ainmichte mar sgil riatanach.
Cleachdadh làithreach	Gach dreuchd a tha rim faighinn air an sanasachadh tro myjobscotland
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Bidh iomradh anns a h-uile sanas airson dreuchdan a tha gu sònraichte co-cheangailte ris a' Ghàidhlig gum biodh e na buannachd nam biodh eòlas air agus fileantachd sa chànan aig tagraichean • Thèid sanasan airson dreuchdan far a bheil a' Ghàidhlig na riatanas a shanasachadh an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla
Ceann-latha targaid	2028
Uallach	Ceannard Leasachadh Buidhne, Poileasaidh is Conaltraidh

CORPAS NA GÀIDHLIG

Buil a thathar ag iarraidh	Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig Thèid an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachadh na Gàidhlig a leantainn anns gach nì sgrìobhte a nì an t-ùghdarras poblach.
Cleachdadh làithreach	Tha Comhairle Inbhir Chluaidh a' cumail ris na Gnàthasan Litreachaidh Gàidhlig a th' ann an-dràsta tro bhith a' cleachdadh seirbheisean eadar-theangachaidh nàiseanta
Gnìomhan a dhìth	Cumaidh sinn oirnn a' cleachdadh seirbheisean eadar-theangachaidh proifeasanta airson na susbaint air fad sa Ghàidhlig
Ceann-latha targaid	Leantainneach thar beatha a' phlana
Uallach	Na seirbheisean uile

Buil a thathar ag iarraidh	Ainmean-àite Bithear a' sireadh is a' leantainn comhairle air ainmean-àite Gàidhlig bho Ainmean-Àite na h-Alba.
Cleachdadh làithreach	Chan eil mòran cleachdadh de dh'ainmean-àite dà-chànanach ann an Inbhir Chluaidh.
Gnìomhan a dhìth	Thèid ainmean-àite ùra sam bith a thoirt a-steach le comhairle bho Ainmean-Àite na h-Alba
Ceann-latha targaid	Leantainneach thar beatha a' phlana.
Uallach	Ceannard nan Rathaidean/Ceannard Seirbheisean Seilbh Ceannard Leasachadh Buidhne, Poileasaidh is Conaltraidh

4. CEANGLAICHEAN RIS AN FHRÈAM-OBACH COILEANAIDH NÀISEANTA

Thathar an dùil gum bi plana Gàidhlig Inbhir Chluaidh a' cur ris na builean a leanas anns an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta, agus gu sònraichte:

- tha daoine a' fàs suas gu sàbhailte le gaol is spèis gus an coilean iad an làn chomasan
- tha daoine a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha in-ghabhalach, cumhachdach, foghainteach agus sàbhailte
- Tha sinn cruthachail agus tha na cultaran beòthail is eadar-mheasgte againn air an cur an cèill, agus a' còrdadh ri daoine, gu farsaing

5. CEANGLAICHEAN RI FRÈAMAICHEAN-OBACH IONADAIL AGUS ROINNEIL

Tha Frèam Planaidh Ro-innleachdail agus Riaghladh Coileanaidh Inbhir Chluaidh a' cur an cèill grunn bhùilean àrd-ìre tro Phlana Com-pàirteachais Caidreachas Inbhir Chluaidh 2023/33 agus cuideachd taobh a-staigh Plana na Comhairle 2023/28. Tha ceangal ris gach fear de na Planaichean sin gu h-ìosal:

[Plana Com-pàirteachais Inbhir Chluaidh 2023/33 - Comhairle Inbhir Chluaidh](#)
[Plana Comhairle Inbhir Chluaidh 2023/28](#)

Tha am plana seo ag amas air a' Ghàidhlig a bhrosnachadh agus gus spèis cho-ionann a thoirt dhi. Airson luchd-labhairt na Gàidhlig, tha seo a' sealltainn taic dhan chultar, dualchas is coimhearsnachd aca. Tha prìomhachasan a' chom-pàirteachais agus na Comhairle a leanas ag amas air taic a chumail ri libhrigeadh a' phlana seo.

Prìomhachasan Plana Com-pàirteachais 2023/33:

Cuspair 1: Daoine le cumhachd

Cluinnear guthan choimhearsnachdan, agus bheir iad buaidh air na h-àiteachan agus na seirbheisean a bheir buaidh orra .

Cuspair 5: Àite Soirbheachail

A' cruthachadh sheirbheisean làidir stèidhichte sa choimhearsnachd a fhreagras air feum ionadail.

Prìomhachasan ann am Plana Comhairle Inbhir Chluaidh 2023/28:

Cuspair 2: Àite

Tha coimhearsnachdan a' soirbheachadh, a' fàs agus seasmhach.

6. FOILLSEACHADH

Foillseachadh agus Sanasachd a' Phlana

AIR AN TAOBH A-STAIGH

Thèid Plana Ghàidhlig Comhairle Inbhir Chluaidh fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn agus bi cothrom aig an luchd-obrach uile againn air tro ICON, eadra-lìon na Comhairle.

AIR AN TAOBH A-MUIGH

Thèid Plana Gàidhlig Comhairle Inbhir Chluaidh fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn. A bharrachd air seo, nì sinn mar a leanas:-

- cuiridh sinn a-mach fios naidheachd mu fhoillseachadh a' phlana
- nì sinn sanasachd air a' phlana air diofar àrd-ùrlaran sna meadhanan sòisealta
- sgaoilidh sinn lethbhreacan do bhuidhnean leth-eisimeileach agus do bhuidhnean treas-phàrtaidh eile, a' mìneachadh an dleastanais aca ann an libhrigeadh a' phlana
- sgaoil lethbhreacan den phlana do phrìomh luchd-ùidh anns na roinnean poblach, prìobhaideach agus san treas roinn
- sgaoilidh sinn lethbhreacan den phlana do bhuidhnean Gàidhlig iomchaidh agus do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh anns a' chùis
- cuiridh sinn lethbhreacan pàipeir a-mach nuair a thèid sin iarraidh

7. A' GOIREASACHADH A' PHLANA

Bidh a h-uile gnìomh sa phlana seo air a mhaoineachadh tro bhuidseatan làithreach a bhuineas dhan t-seirbheis iomchaidh. Gheibhear maoineachadh airson pròiseactan sònraichte bho bhuidhnean maoineachaidh air an taobh a-muigh mar a bhios iomchaidh.

Thathar an dùil gur dòcha gum bi feum air maoineachadh a bharrachd airson nan sgrìobhainn agus am fiosrachadh iomchaidh uile a thar-sgrìobhadh.

8. A' SGRÙDADH A' PHLANA

Bidh Comhairle Inbhir Chluaidh a' cumail sùil air buileachadh a' phlana seo le bhith ag aithris air Teampalaid Sgrùdaidh Bhliadhnail Bhòrd na Gàidhlig gach bliadhna do Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan. Thèid na h-aithisgean adhartais bliadhnail an uair sin a chur gu Bòrd na Gàidhlig a nì measadh air an adhartas againn.

Bidh siostam rianachd dèanadais dealanach na Comhairle, Pentana, a' cumail sùil air adhartas agus thèid ùrachadh gach bliadhna. Brosnaichidh an siostam stiùireadh coileanaidh ùrachaidhean adhartais a bhith air an cur a-steach ann an deagh àm agus bheir e seachad sealladh farsaing air coileanadh, a' toirt cothrom ann dèiligeadh gu sgiobalta ri raointean far nach eil adhartas mar a bhiodh dùil.

Thèid am plana fhoillseachadh air làrach-lìn agus eadra-lìon na Comhairle gus am bi fios aig luchd-obrach mu dhleastanasan na Comhairle fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus mu dè na gnìomhan a tha a' Chomhairle an dùil a ghabhail.

9. AM PLANA GÀIDHLIG ANN AN COILLTEARACHD NA H-ALBA

Uallach airson a' phlana aig a' cheann thall

Tha uallach iomlan air a' Cheannard Chorporra airson Foghlam, Coimhearsnachd agus Leasachadh Buidhne airson ullachadh, libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Comhairle Inbhir Chluaidh. Tha am fiosrachadh conaltraidh air a thoirt seachad gu h-ìosal: -

Ruth Binks

Stiùiriche Corporra airson Foghlam, Coimhearsnachdan is Leasachadh Buidhne Inbhir Chluaidh

Toglaichean a' Bhaile

Cearnag Chluaidh

Grianaig

PA15 1LX

Fòn: 01475) 717171

Post-d: corporate.policy@inverclyde.gov.uk

Uallach làitheil airson a' phlana

Tha uallach làitheil air a' Mhanaidsear Poileasaidh, Coileanadh agus Com-pàirteachasan Corporra airson ullachadh, libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Inbhir Chluaidh. Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

Manaidsear Poileasaidh, Coileanadh agus Com-pàirteachais Corporra Inbhir Chluaidh

Toglaichean a' Bhaile

Cearnag Chluaidh

Grianaig

PA15 1LX

Fòn: (01475) 717171

Post-d: corporate.policy@inverclyde.gov.uk

Buidheann Buileachaidh is Sgrùdadh a' Phlana Ghàidhlig

Tha Comhairle Inbhir Chluaidh air Buidheann Leasachaidh Plana Gàidhlig a stèidheachadh, leis a' phrìomh dhleastanas na geallaidhean sa phlana seo a chruthachadh. Tha riaghladh iomlan aig ìre ro-innleachdail air a thoirt seachad le buidheann Co-ionannachd Chorporra Comhairle Inbhir Chluaidh. Tha a' bhuidheann seo a' gabhail a-steach riochdachadh bho air feadh seirbheisean na comhairle air fad agus nì iad ath-sgrùdadh ràitheil air buileachadh agus sgrùdadh diofar thaobhan den phlana agus cuiridh iad conaltradh an comas leis an luchd-obrach air fad a thaobh an dleastanasan leantainneach.


Buidhnean Leth-eisimeileach agus Treas Pàrtaidhean

Thèid fios a thoirt do gach buidheann treas-phàrtaidh a tha ag obair às leth Comhairle Inbhir Chluaidh mu na dleastanasan anns a' Phlana Gàidhlig seo. Thèid fiosrachadh mu shusbaint a' phlana seo a sgaoileadh do na Com-pàirtichean Dealbhaidh Coimhearsnachd air feadh Inbhir Chluaidh. Bidh e cuideachd ri fhaotainn do gach Comhairle Coimhearsnachd, buidhnean co-ionannachd, agus buidhnean eile mar a bhios iomchaidh.


EÀRR-RÀDH 1 – IN-SGRÙDADH AIR COMAS CÀNAIN

Mar phàirt den ullachadh airson cruthachadh a' Phlana seo, rinn Comhairle Inbhir Chluaidh sgrùdadh air na comasan Gàidhlig a th' ann mar-thà tro sgrùdadh air-loidhne a chaidh a bhrosnachadh dhan luchd-obrach air fad. Fhuair an t-suirbhidh 120 freagairt agus tha gearr-chunntas de na freagairtean ri fhaicinn gu h-ìosal:

Chaidh faighneachd do luchd-obrach mun chomas agus mun ìre de sgilean Gàidhlig aca:




Thuit 2.5% (3) den luchd-freagairt gu bheil iad comasach air Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh, bha comas air choreigin aig faisg air 17% (20) den luchd-freagairt le comas sa chànan agus thuit 77.5% (93) den luchd-freagairt nach robh comas sam bith aca sa chànan. Chuir 3.3% (4) den luchd-freagairt iad fhèin san roinn 'eile'



Thuir faisg air 22% (26) den luchd-fhreagairt gu bheil beagan fhaclan aca sa Ghàidhlig agus thuir nas lugha na 1% (1) gu bheil iad fileanta agus fhreagair an aon seòrsa àireamh sa cheud gu bheil sgilean Gàidhlig reusanta aca. Thuir trì cairteal den luchd-fhreagairt (90) nach eil sgilean Gàidhlig aca.


Chaidh faighneachd den luchd-obrach an uair sin am biodh iad a' dèanamh an cuid obrach tro mheadhan na Gàidhlig agus fhreagair a' mhòr-chuid den luchd-fhreagairt, 99%, nach biodh. 'S e Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig an aon seirbheis a tha a' Chomhairle a' toirt seachad gu tur tro mheadhan na Gàidhlig. Aig an àm seo, tha 4 dreuchdan aig Comhairle Inbhir Chluaidh taobh a-staigh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus 2 dhreuchd tràth-bhliadhnaichean far a bheil Gàidhlig air a comharrachadh mar sgl obrach riatanach / ion-mhiannaichte.

4. Am bi thu a' dèanamh do chuid obrach leis a' Chomhairle tro mheadhan na Gàidhlig?




Tha 3% (4) den luchd-fhreagairt a' dèanamh trèanadh Gàidhlig agus chuir gach neach-freagairt seo air dòigh gu pearsanta. Den fheadhainn nach eil an-dràsta a' dèanamh trèanadh Gàidhlig, nochd 37% (43) ùidh ann a bhith a' dèanamh sin.

5. A bheil thu a' dèanamh trèanadh Gàidhlig?



Fhuair a' mhòr-chuid de fhreagairtean an t-suirbhidh, 76% (91), bho Bhuidheann-stiùiridh an Fhoghlaim, nan Coimhearsnachdan agus Leasachadh Buidhne.



EARR-RÀDH 2 - CO-CHOMHAIRLE PHOBLACH


Chaidh a' cho-chomhairleachadh poblach air dreachd Phlana Gàidhlig Inbhir Chluaidh a dhèanamh eadar Dihaoine 29 Dàmhair 2021 agus Dihaoine 10 Dùbhlachd 2021. Uile gu lèir, fhuaras 33 freagairtean. Chaidh mion-sgrùdadh air na beachdan a fhuair a' chomhairle air a dhèanamh a rèir an stiùiridh a thug Bòrd na Gàidhlig seachad, is e sin gum bu chòir dhan aithisg co-chomhairleachaidh phoblaich fòcas a chur air beachdan a fhuair a' chomhairle air dreachd Phlana agus chan ann a bhith a' toirt a-steach beachdan nas fharsainge a thaobh na Gàidhlig fhèin.

Geàrr-chunntas air beachdan bhon cho-chomhairle phoblach

Chaidh iarraidh air luchd-freagairt an toiseach innse dè an ròl anns an robh iad a' freagairt an t-suirbhidh. Fhreagair 32 a-mach às an 33 neach-freagairt a' cheist seo.


- Thuir 11 duine gun robh iad a' freagairt mar luchd-còmhnaidh Inbhir Chluaidh,
- Bha 7 neach a' lìonadh an t-suirbhidh mar luchd-ionnsachaidh Gàidhlig,
- Bha 7 neach a' freagairt ann an grunn diofar dhreuchdan (m.e. neach-còmhnaidh Inbhir Chluaidh agus neach-ionnsachaidh na Gàidhlig agus/no pàrant- no neach-cùraim pàiste ann am FtG).
- Bha 5 neach a' freagairt mar phàrant, seanair no seanmhair no neach-cùraim aig duine-chloinne ann am FtG
- Thuir 2 neach gun robh iad a' freagairt nan comas mar luchd-obrach aig Comhairle Inbhir Chluaidh

1. Seòrsaichean freagairt



Dh'fhaighnich Ceist 2 den luchd-fhreagairt an robh iad ag aontachadh gun cuidicheadh am Plana le bhith a' cumail taic ri agus a' leasachadh solar Gàidhlig gu h-ionadail. Fhuaras 31 freagairtean.

2. Cuidichidh Plana Gàidhlig Inbhir Chluaidh le bhith a' toirt taic do, agus a' leasachadh, solar Gàidhlig gu h-ionadail




Bha 58% den luchd-freagairt ag aontachadh no ag aontachadh gu làidir gun cuidich am plana le bhith a' cumail taic ri, agus a' toirt leasachadh air, solar Gàidhlig ann an Inbhir Chluaidh, agus bha beagan bha nas lugha na 42% ag eus-aontachadh. Bha bogsa teacsa an lùib na ceiste seo gus am b' urrainn dhan luchd-freagairt na beachdan aca a thoirt seachad. Chaidh iomradh a thoirt air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an iomadh freagairt.

CEIST 2. FREAGAIRTEAN

1. Chan eil Gàidhlig ga bruidhinn agus air a tuigsinn ach le nas lugha na 3% de shluagh na h-Alba agus tha a cleachdadh a' crìonadh mar thoradh air daoine a' gluasad air falbh bho na h-Eileanan Siar gus obair a lorg. Chan eil mi a' faicinn adhbhar sam bith a bhith a' cumail taic ri cànan nach bi ach glè bheag de dh'Albannaich a' bruidhinn ann an 2021.	2. Mar neach-ionnsachaidh na Gàidhlig, bhiodh barrachd shoidhnichean timcheall air Inbhir Chluaidh a' cuideachadh agus a' daingneachadh an ionnsachaidh	3. Chan shaoilinn gu bheil fìor fheum air solar Gàidhlig ann an Inbhir Chluaidh. Tha cho beag ann a dh'fheumas Gàidhlig a bhruidhinn.
4. Tha e cudromach a bhith a' brosnachadh cleachdadh nan cànanan againn.	5. Tha ceanglaichean làidir air a bhith aig Inbhir Chluaidh ris a' Ghàidhlig riamh mar a bha follaiseach anns an àireimh de dh'ainmean-àite ionadail a thàinig às a' Ghàidhlig, ceangal a tha air leantainn, fiù 's nuair nach robh i na cànan obrach sa choimhearsnachd tuilleadh, leis a' Ghàidhlig mar a' chiad chànan aig mòran luchd-còmhnaidh fhathast. Tha eòlas air a' chànan na phàirt chultarail de dh'Alba agus na rud cudromach a bu chòir dhan chomhairle ionadail a bhith ag adhartachadh, mar a tha na dhleastanas tron Achd Nàiseanta.	6. Tha fìor dhroch chonaltradh air a bhith ann a thaobh seo
7. Bu chòir a' Ghàidhlig a bhith ri fhaighinn dhan a h-uile pàiste ann an Alba mar rud gu tur àbhaisteach	8. Tha a' Ghàidhlig air a bhith na cuspair a tha air a teagasg ann an Grianraig fad ghinealaichean agus bu chòir seo leantainn mar phàirt den chultar againn	9. Tha e cudromach gum bi i ri fhaighinn gu h-ionadail agus gum bi a' Ghàidhlig ga chumail buntainneach agus mar phàirt den churraicealam foghlaim
10. 'S e a' Ghàidhlig ar cànan fhèin. Cha bhi Alba aonaichte gus am bi an cànan againn fhèin againn. "Tìr gun chànan, tìr gun anam".	11. Gu ìre mhòr, chan eil ann an seo ach "gog mòr is ugh beag" far a bheil a' Chomhairle a' dèanamh na h-ìre as lugha as urrainn dhaibh gus a' Ghàidhlig adhartachadh	12. Tha i na pàirt de dhearbhaithne na h-Alba agus tha i feumach air aithne
13. Tha mi ag aontachadh ris san t-seagh gu bheil e COLTACH gun cuidich am plana le taic agus leasachadh do sholar Gàidhlig gu h-ionadail, ach 's e an fhìrinn gu bheil e glè eu-coltach gun tachair sin air sgàth 's gur e call airgid a th' anns a' Ghàidhlig dhan mhòr-chuid de mhuintir Inbhir Chluaidh agus nach eil beachdan ro thaiceil san fharsaingeachd. Ach, le mo nighean ann am FtG—	14. Tha deagh ghealltanasan anns a' phlana seo a bhios a' fàs na Gàidhlig san sgìre. Ach, tha mi den bheachd gum faodadh Comhairle Inbhir Chluaidh a bhith a' gabhail chothroman a bharrachd, gu sònraichte ann am foghlam	15. Tha e cudromach cànanan agus an dualchas agus an eòlas a tha nan lùib a dhion. Tha iomadachd cànanach deatamach airson a bhith a' coimhead air an t-saoghal ann am barrachd air aon dòigh.

<p>- nuair a thathar ag innse do dhaoine gu bheil seo ann, tha e a' cur iongnadh orra, cha robh fios aig mòran gur e roghainn a bh' ann agus tha pàrantan chloinne òga air barrachd faighneachd dhìom mu dheidhinn leis gu bheil ùidh aca ann dhan chloinn aca fhèin.</p>		
<p>16. Agus leis gu bheil iarrtas nas motha a-nis ann airson tràth-bliadhnaichean, tha seo ag adhbharachadh àireamhan nas motha ann am BS1. Bhiodh dùil agad gum biodh ìre de thaic a thaobh leantainn air adhart le foghlam àrd-sgoile dhan Chloinn seo. Tha na prìomhachasan corporra ag ràdh gu bheil sibh airson dualchas Inbhir Chluaidh a ghlèidheadh agus àrach, ach aig an aon àm, chan eil sibh a' meas gu bheil e iomchaidh beagan uairean a thide de Ghàidhlig a thabhann san t-seachdain ann an àrd-sgoil Beurla? Tha ar cuid chloinne agus sinn fhìn mar phàrantan air gealltainn gun toir sinn seachad NAOI bliadhna de ar beatha ann an làn bhogadh sa Ghàidhlig. Gus cluinntinn an uair sin gu bheil FtG ann an Glaschu làn agus gur e an rud "as fheàrr" as urrainn do Chomhairle Inbhir Chluaidh a dhèanamh a bhith a' toirt seachad 2 uair a thide a-mhàin de Ghàidhlig do chionn a tha fileanta, ann an àrd-sgoil ionadail anns a bheil àite. Tha seo neo-iomchaidh agus na fhìor bhriseadh-dùil do phàrantan na cloinne seo agus dhan choimhearsnachd ionadail. 'S e an rud a tha sibh a' moladh gun rachadh dèiligeadh ris a' Ghàidhlig san aon dòigh ann an Inbhir Chluaidh ri cànanan Eòrpach leithid Fraingis no Spàinntis. Chan e spèis CHO-IONANN dhan Bheurla a tha seo.</p>	<p>17. Tha mi ag aontachadh ris, agus a' cur fàilte air, cuid de phàirtean den phlana. Ach, chan eil plana soilleir ann a thaobh na h-àrd-sgoil leis nach tèid clann gu sgoil Ghàidhlig Ghlaschu tuilleadh.</p>	

Dh'fhaighnich Ceist 3 do luchd-freagairt a bheil iad ag aontachadh gu bheil am Plana furasta a thuigsinn agus gu bheil e soilleir ann a bhith a' mìneachadh na tha a' Chomhairle airson coileanadh. Fhuaras 31 freagairtean.




Bha beagan a bharrachd is dà thrian, 68%, den luchd-freagairt ag aontachadh gu làidir no ag aontachadh gu bheil am plana furasta a thuigsinn agus soilleir, ach bha mun treas cuid ag eus-aontachadh. Bha a' cheist seo cuideachd a' gabhail a-steach bogsa teacsa airson luchd-freagairt gus barrachd fiosrachaidh a thoirt seachad nan togradh iad agus fhuaradh beagan bheachdan buntainneach.

CEIST 3. FREAGAIRTEAN

1. Tha am plana seo air a thaisbeanadh gu math, ged nach eil feum air a' phlana.	2. Tha e coltach gu bheil e iomchaidh gu leòr agus an tha mi an dòchas gun tèid a leantainn gu gnìomhach le bhith a' toirt seachad nan goireasan a tha a dhith gus a choileanadh.	3. Tha e soilleir agus furasta a thuigsinn mar thoradh air a' chruth.
4. Tha seo cudromach gus am bi fios aig a h-uile duine de a tha an gnìomh	5. Tha am fiosrachadh soilleir agus mar a chuir mi an cèill gu h-àrd, tha mi ag aontachadh le cuid ach chan eil plana soilleir ann airson na h-àrd-sgoile a tha na adhbhar dragh dhomh mar phàrant le dithis chloinne ann am FtG.	6. Tha e soilleir
7. Tha structar a' phlana a' coimhead soilleir agus tha fiosrachadh gu leòr ann. Ach, tha feadhainn de na gealltanasan nach eil cho soilleir. Mar eisimpleir, thathar ag ràdh rudan mar "consider", "review" agus "look to extend" seach gnìomhan soilleir gun jargon corporra / Tha structar a' phlana soilleir agus tha fiosrachadh gu leòr ann. Ach chan eil cuid de na geallaidhean/gealltanasan buileach cho soilleir. Mar eisimpleir tha e ag ràdh rudan mar "beachdaich air", "dèan lèirmheas", agus "coimhead ri leudachadh", a tha dìreach mar sgleò-chainnt corporra. "	8. Tha e soilleir nach eil a' chomhairle a' feuchainn ri dad a dhèanamh ach "eacarsaich cromagan ann am bogsaichean" a th' ann.	9. Tha seo soilleir
10. Tha am plana caran ro-bhriathrach. Mar eisimpleir chan fheum fios a bhith agam ciamar a tha Comhairle Inbhir Chluaidh air a dhèanamh suas. Chan eil feum air fiosrachadh agus figearan bho sgìrean eile. Tha fiosrachadh mu fhoghlam Gàidhlig ann an Grianraig cudromach.		

Tha grunn Amasan Àrd-ìre san dreachd phlana a tha co-cheangailte ri bhith a' cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig a bharrachd air a bhith a' brosnachadh deagh ìomhaigh dhan Ghàidhlig. Ann an ceist 4, dh'fhaighnich Comhairle Inbhir Chluaidh de mhuintir an àite an robh na gnìomhan agus na clàran-ama gus Amasan Àrd-ìre sa Phlana a libhrigeadh iomchaidh agus freagarrach. Fhuaras 33 freagairtean.



Bha cha mhòr 58% den luchd-fhreagairt ag aontachadh no ag aontachadh gu làidir gun robh na gnìomhan agus na clàran-ama gus na h-Amasan Àrd-ìre a libhrigeadh freagarrach agus iomchaidh ach bha 42% ag eus-aontachadh no ag eus-aontachadh gu làidir. Chaidh iarraidh air luchd-fhreagairt adhbhar a thoirt seachad airson an cuid fhreagairtean agus fhuair beagan bheachdan. 'S e cuspair cumanta a chaidh a thogail co-cheangailte ris na h-Amasan Àrd-ìre foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Inbhir Chluaidh.

CEIST 4. FREAGAIRTEAN

1. Bu chòir gum bi a' Chomhairle cinnteach gu bheil na gnìomhan freagarrach airson na h-amasan a chur an gnìomh.	2. Is dòcha nach eil mi ag aontachadh ris a' bhun-bheachd ach tha am plana buntainneach do na h-amasan ainmichte.	3. Mar as luaithe, 's ann as fheàrr
4. Chan eil fios agam fhathast dè tha an dàn do mo chuid chloinne a thaobh foghlaim san àm ri teachd.	5. Tha e cudromach gum bi a h-uile duine sa choimhearsnachd againn mothachail gu bheil a' Ghàidhlig ga teagasg san sgoil agus gu bheil clasaichean rim faighinn do dh'inbhich a tha airson Gàidhlig ionnsachadh	6. Tha seo freagarrach agus iomchaidh ach dh'fhaodadh a leudachadh.
7. Tha e cudromach gum bi fios aig na coimhearsnachdan againn gu bheil seo ri fhaighinn gus am faigh duine sam bith aig a bheil ùidh ann a' Ghàidhlig cothrom air	8. Tha mi a' smaoinichadh gum bu chòir leudachadh air an amas àrd-ìre fàs a thoirt air solar Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig ìre na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile, leis nach eil foghlam àrd-sgoile sam bith tron Ghàidhlig ann an Inbhir Chluaidh aig an àm seo, ach 's e an toradh a thathar a' moladh àrdachadh a thoirt air àireamhan chloinne aig ìre na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile. Bhiodh e feumail fios a bhith againn ciamar a tha a' chomhairle airson seo a choileanadh – am bi àrd-sgoil Ghàidhlig air a stèidheachadh gu h-ionadail?	9. Tha amasan Bòrd na Gàidhlig sgoinneil ach feumaidh iad a bhith pan-nàiseanta agus in-ghabhalach. Tha e glè mhath am frèama seo a chleachdadh mar bhunait do chomhairle ionadail sam bith ach tha am frèama aca a' gabhail a-steach a bhith a' cumail na Gàidhlig beò mar chànan obrach is beò ann am Beinn na Faoghla cho math ri bhith a' toirt air daoine à Duns a h-ionnsachadh. Tha na h-amasan aca ro gheineirigeach airson copaidh/paste le Comhairle Inbhir Chluaidh.
10. Tha e math na h-amasan seo a bhith againn ach tha mi a' faireachdainn gu bheil na gnìomhan agus na clàran-ama mì-reusanta, gu sònraichte a thaobh foghlam àrd-sgoile. Tha an fheadhainn aig a bheil clann ann am FtG gu math mothachail gu bheil e a' sìor fhàs eu-coltach gun gabh Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu ri clann à Bun-sgoil Chnoc a' Chonaisg le iarrtas a' dol am meud tro na bliadhnaichean. Tha sinn den bheachd gu bheil e air leth cudromach sgoil Ghàidhlig fa-leth a bhith againn ann an Inbhir Chluaidh dhaibhsan à Inbhir Chluaidh agus às na sgìrean mun cuairt a tha ag iarraidh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Feumaidh am foghlam a bhith sa Ghàidhlig fad an t-siubhail mar a tha iad cleachdte ris, chan e dìreach beagan uairean a thìde ann an aonad ann an sgoil far a bheil iad nam mion-chuid agus far a bheil cunnart ann bho bhurraidheachd, is msaa.		

Chaidh iarraidh air luchd-freagairt beachdan no molaidhean sam bith a bharrachd a thoirt seachad a thaobh nan Amasan Àrd-ìre agus a-rithist, bha beachdan a' cuimseachadh gu ìre mhòr air solar foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.


CEIST 5. FREAGAIRTEAN

1. Bu choir dhuinn uile Gàidhlig a chleachdadh	2. "Cuir ris an àireimh chloinne a' dol a-steach gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann am bun-sgoil 1 co-dhiù 15% gach bliadhna." - Chan eil plana na comhairle an dùil seo a dhèanamh idir. Tha feum air barrachd àiteachan FtG agus barrachd sgoiltean le FtG ann an Inbhir Chluaidh. "Meudachadh an àireamh de dh'inbhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an Inbhir Chluaidh" - Chan e dòigh gnìomhach air àrdachadh a thoirt air	3. Tha mi a' smaoinichadh, gus àireamhan àrdachadh ann am FtG aig ìre na bun-sgoile, gum feum slighe shoilleir a bhith ann airson teaghlachan/sgoilearan a dhol air adhart gu FtG aig ìre na h-àrd-sgoile. Feumar an dàrna cuid rèiteachaidhean foirmeil a bhith air an cur an sàs le ùghdarrasan ionadail eile as urrainn FtG àrd-sgoile a thoirt seachad, no feumaidh Inbhir Chluaidh beachdachadh gu làidir air tairgse
--	--	--

	luchd-labhairt na Gàidhlig dòrlach de chùrsaichean ionnsachaidh ìre A1/2 (a tha dìreach a' leantainn prògram 'Speak Gaelic' BBC Alba) a bhith ann. Tha feum air neadan cànan, buidhnean labhairt agus adhartachadh foghlam adhartach air prìs lasaichte gus an dèan daoine an leum bho neach-tòiseachaidh gu fileantachd.	cho-ionann de FtG àrd-sgoile agus a thathar a' tabhann do sgoilearan ann am foghlam prìomh-shruthach na Beurla.
4. Mar phàrant aig sgoilear a tha a' frithealadh aonad Ghàidhlig Bun-sgoil Chnoc a' Chonaisg chaidh innse dhomh nach eil ullachadh ann airson ar clann a dhol air adhart gu foghlam àrd-sgoile Gàidhlig aig an àm seo agus mar sin tha sinn an dòchas gun tèid an suidheachadh seo a cheartachadh le bhith a' faighinn solar Gàidhlig ann an Inbhir Chluaidh.	5. Tha mi a' cur fàilte air na planaichean airson inbhidh, ach chan eil am plana airson ìre na h-àrd-sgoile soilleir agus tha mi a' faireachdainn gu bheil a' chlann gan leigeil sìos le seo.	6. Feumaidh fios a bhith aig pàrantan le clann ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air cò ris a bhios foghlam coltach dhan cuid chloinne san àm ri teachd. Chan eil e math gu leòr nach eil planaichean an sàs.

Bha Comhairle Inbhir Chluaidh cuideachd a' sireadh bheachdan air Amasan Seirbheisean Corporra taobh a-staigh an dreachd Phlana. Tha na h-Amasan seo co-cheangailte ri solar Gàidhlig nar coimhearsnachd, ann am foghlam, san àite-obrach agus ann an solar sheirbheisean Gàidhlig. Ann an ceist 6, chaidh iarraidh air luchd-freagairt measadh a dhèanamh a bheil iad ag aontachadh gu bheil na gnìomhan agus na raointean-ama a chaidh a mholadh airson nan Amasan Corporra iomchaidh. Fhuair 32 freagairt dhan cheist seo.

6. Tha na gnìomhan agus na clàran-ama gus Amasan Seirbheisean Corporra a lìbhrigeadh buntainneach agus iomchaidh



Bha beagan a bharrachd air 56% den luchd-freagairt an dara cuid ag aontachadh gu làidir no ag aontachadh gu bheil na gnìomhan agus na clàran-ama gus na h-Amasan Seirbheisean Corporra a lìbhrigeadh buntainneach agus iomchaidh, ged a bha an còrr ag eas-aontachadh / ag eas-aontachadh gu làidir.

Chaidh iarraidh air luchd-freagairt adhbhar a thoirt seachad airson am freagairt agus fhuair beagan bheachdan buntainneach:

CEIST 6. FREAGAIRTEAN

1. Dìreach nonsaireachd mar "Thèid beachdachadh air soidhnichean dà-chànanach". Am bithear a' pàigheadh airson soidhnichean a rèir litreach? Chan eil adhbhar sam bith ann nach biodh soidhnichean dà-chànanach.	2. Tha mi den bheachd nach cruthaich seo dad ach dòrlach de shoidhnichean, sanasan agus sgrìobhainnean air an eadar-theangachadh gu Gàidhlig air cosgais mhòr.	3. Mura tèid an cànan a chleachdadh sa bheatha làitheil gus buntainneachd a thoirt dha, seargaidh e.
4. Bu chòir gum bi na gealltanasan ceangailte ri Amasan Corporra nas	5. A-rithist, tha solar Gàidhlig san àrd-sgoil truagh.	6. Chan eil Gàidhlig ri faicinn gu tric ann an Inbhir Chluaidh ach a-mhàin

<p>treasa. Tha cothrom aig a' Chomhairle an seo a bhith a' cur air dòigh deagh chleachdadh, no best practice, agus seasamh làidir a ghabhail airson na Gàidhlig. Bhiodh seo a' toirt barrachd misneachd do luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig san sgìre agus barrachd tuigse don fheadhainn a tha na h-aghaidh. / Bu chòir na gealltanasan a bhith co-cheangailte ri amasan corporra nas treasa. Tha cothrom aig a' chomhairle seo deagh chleachdadh a chur an sàs, agus seasamh làidir a bhith aca a thaobh na Gàidhlig."</p>		<p>ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Bu toil leam gum biodh sgoiltean eile a' toirt seachad leasan sa Ghàidhlig dìreach mar a nì iad ann am Fraingis neo Spàinntis. Nam biodh Gàidhlig air a teagasg mar chànan nuair a bha mi san sgoil, bhithinn air a taghadh san 3mh bliadhna san àrd-sgoil agam</p>
--	--	---

Agus, a thaobh Amasan Seirbheisean Corporra, chaidh cuireadh a thoirt do luchd-freagairt beachdan no molaidhean sam bith eile a thoirt seachad:

CEIST 7. FREAGAIRTEAN

<p>1. Ghabhadh cha mhòr a h-uile gin de na h-amasan sin a bhith air an coileanadh, agus is dòcha barrachd air sin, le bhith a' fastadh aon neach-labhairt fileanta sa Ghàidhlig aig a bheil an aon raon-ùghdarrais dèanamh cinnteach gu bheil a' coileanadh nan seirbheisean corporra sin uile agus gum biodh ùine aca fhathast tadhal air sgoiltean/buidhnean ionadail airson adhartachadh agus teagasg mun Ghàidhlig cuideachd</p>	<p>2. Tha mi dìreach airson a bhith cinnteach gum faigh mo phàiste cothrom air foghlam Gàidhlig san àrd-sgoil. Nuair a thòisich iad air an turas Ghàidhlig aca, chaidh innse dhuinn gun rachadh iad gu sgoil Ghàidhlig Ghlaschu.</p>
--	--

Bha an dà cheist mu dheireadh san t-suirbhidh fosgailte agus dh'iarr iad beachdan air:

C8: A bheil dad a bharrachd agad ri mholadh a thaobh ar dreachd Plana Gàidhlig agus cho èifeachdach 's a tha e ann a bhith a' coileanadh amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig?

C9: A bheil beachd sam bith eile agad air a' Phlana Ghàidhlig againn san fharsaingeachd?

A chionn 's nach d' fhuaras ach beagan bheachdan, chaidh an cur còmhla gu h-ìosal.

CEIST 8. FREAGAIRTEAN


<p>1. Chan eil mi a' faicinn adhbhar sam bith airson plana mar seo. Chan eil Gàidhlig ga cleachdadh gu làitheil airson gnìomhachas, foghlam no meadhanan naidheachd ann an àite sam bith ann an Alba ach a-mhàin na h-Eileanan Siar agus tha a cleachdadh an sin a' crìonadh. Bhiodh e tòrr na b' fheàrr taic a thoirt dhan Scots a tha dha-rìribh ga bruidhinn ann an ceann a deas na h-Alba gach latha le mòran dhaoine. Ach bithear gu tric a' càineadh na Scots mar 'slang' agus chan eilear ga meas mar chànan 'ceart' le mòran Albannaich, gu mì-fhortanach.</p>	<p>2. An àite Plana Nàiseanta dhan Ghàidhlig, bhiodh plana Gàidhlig ionadail nas so-thuigsinne.</p>	<p>3. Thoir seachad foghlam Gàidhlig aig àrd ìre. Feumaidh daoine tòiseachadh air smaoineachadh mun àm ri teachd agus ciamar a gheibheadh tidsearan Gàidhlig mura h-eil ar clann gan oideachadh sa Ghàidhlig.</p>
<p>4. Bha còir aig a phlana a bhith na b' fhoillsiche agus na bu ruigsinniche.</p>		

CEIST 9. FREAGAIRTEAN


<p>1. Tha e math gu bheil seasamh cho math aig Comhairle Inbhir Chluaidh sa chùis chudromaich seo.</p>	<p>2. Bhithinn an dòchas gum biodh plana an sàs a dh'aithghearr.</p>	<p>3. Chan eil feum air. Tha an co-mheas nas lugha de sgoilearan/tidsearan a' toirt buaidh air an àireamh de chloinn ann am Bun-sgoil Chnoc a' Chonaisg, mar a bha e riamh gu h-eachdraidheil.</p>
<p>4. Gus cleachdadh FtG sa bhun-sgoil a bhrosnachadh dh'fhaodadh Comhairle Inbhir Chluaidh feum a dhèanamh air maoin a tha ri fhaighinn airson clann Ghàidhlig ann an Inbhir Chluaidh a tha taobh a-muigh sgìre-sgoile Bun-sgoil Chnoc a' Chonaisg airson còmhfhail chun na sgoile agus air ais. Bidh a h-uile sgìre eile a' cleachdadh na maoin seo. Tha sinn le chèile ag obair agus leis nach eil FtG san sgìre-sgoile againn feumaidh sinn ar slighe fhèin a dhèanamh dhan sgoil ged a tha sinn còrr is 2 mhìle bhon sgoil, agus feumaidh sinn pàigheadh às ar pòcaid fhèin airson cosgaisean siubhail agus ùine a thoirt air falbh bhon obair, tha seo mì-chothromach nuair a tha maoin ann a ghabhas a chleachdadh airson seo. Tha droch bhuaidh aig seo air clann agus pàrantan, cuiridh e cosgaisean air daoine agus 's e call ùine a th' ann agus bidh e a' mì-mhisneachadh dhaoine bho bhith a' cur an cuid chloinne gu FtG seach a bhith a' toirt taic agus brosnachadh do leasachadh a' chànain.</p>	<p>5. Mar sheann-phàrant aig pàiste a tha an-dràsta san aonad Ghàidhlig ann am Bun-sgoil Chnoc a' Chonaisg, chaidh innse dhomh gur dòcha nach eil ullachadh ann dhaibh gluasad air adhart gu foghlam Gàidhlig àrd-sgoile agus mar sin tha mi an dòchas gun tèid ceumannan a ghabhail gus dèanamh cinnteach nach eil seo fìor.</p>	<p>6. Bha e beagan ro-fharsaing agus ro lag. Ach tha mi taingeil gu bheil sibh co-dhiù a' feuchainn ri cumail a-mach gu bheil sibh a' feuchainn. Nuair a bhios suidheachadh Covid deiseil faigh beagan luchd-labhairt Māori dhan sgìre bho Ngāti Ranana ann an Lunnainn gus mìneachadh cho cudromach 's a tha brosnachadh cànan dùthchasach agus na buannachdan a tha na lùib agus faodaidh iad a bhith nan deagh eisimpleir air mar a nithear seo na aonaiche tar-chultarach.</p>
<p>7. Tha mi a' faireachdainn gu bheil na beachdan math ach chan eil mi cinnteach an tèid a chur an gnìomh aig an ìre a tha air ainmeachadh sa phlana. Tha e a' faireachdainn gu ìre gur e eacarsaich lìonadh bhogsaichean a th' ann - tha mi gu mòr an dòchas gu bheil mi ceàrr air sgàth mo chuid chloinne oir tha mi ga fhaicinn mar rud fìor mhath a th' ann a bhith ag ionnsachadh a' chànain agus a bhith mar phàirt de choimhearsnachd dhlùth.</p>	<p>8. Tha e air a chur ri chèile ann an deagh chruth agus tha piosan làidir ann</p>	<p>9. Bu mhath leam fhaicinn gun tòisich am plana gu follaiseach ann an 2022. Aig toiseach a' phlana Ghàidhlig agus chan ann beagan bhliadhnaichean às dèidh làimh.</p>

Earrann 2: Mu do dheidhinn


Chaidh iarraidh air luchd-fhreagairt fiosrachadh mun deidhinn fhèin a thoirt seachad gus a' Chomhairle a chuideachadh gus na seirbheisean aice a thaobh na Gàidhlig a leasachadh, ach cha robh dleastanas sam bith orra a' phàirt seo den t-suirbhidh a lìonadh. Bha cha mhòr 84% den luchd-fhreagairt toilichte gum foillsicheadh Comhairle Inbhir Chluaidh fiosrachadh mun deidhinn fhèin ach thuir 16% nach robh. Mar sin, chaidh am fiosrachadh aca a thoirt às an anailis dàta gu h-ìosal.



Bha 55% den luchd-fhreagairt a bha deònach am fiosrachadh a thoirt dhuinn fireann agus bha 45% boireann.



Bha an àireamh as àirde de fhreagairtean bhon bhuidhinn aoise 35-44.



Thuir cha mhòr an treas cuid den luchd-fhreagairt gu bheil beagan fhaclan Gàidhlig aca agus thuir cairteal gu bheil sgilean reusanta aca sa Ghàidhlig. Thuir cairteal eile nach eil sgilean Gàidhlig sam bith aca. Thuir beagan den luchd-fhreagairt gu bheil iad fileanta sa Ghàidhlig.

Aig deireadh an t-suirbhidh bha cothrom ann do dhaoine am fiosrachadh conaltraidh fhàgail nan robh iad airson barrachd fiosrachaidh fhaighinn mu ghnìomhachd co-cheangailte ris a' Ghàidhlig agus a cultar a tha a' Chomhairle a' toirt seachad agus fhuaradh 9 iartasan gus fiosrachadh fhaighinn.